

ÀM RI TEACHD ... NA H-ALBA

NA CEUMANNAN A LEANAS AIRSON ATH-LEASACHADH FEARAINN

GEÀRR-CHUNNTAS

An Gearran 2026



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba



Turas ath-leasachaidh na h-Alba – an t-slighe air adhart

Tha fearann na bhunait do dhachaighean, coimhearsnachdan, eaconamaidh agus àrainneachd na h-Alba. Bidh e a’ toirt buaidh air comas dhaoine fuireach far an do thogadh iad, soirbheachadh eaconamaidh ionadail, agus comas na h-Alba coinneachadh ri a h-amasan gnàth-thìde agus nàdair ann an dòigh a tha cothromach agus maireannach.

Thar nan 25 bliadhna a dh’fhalbh, tha Alba air ceumannan cudromach a ghabhail a thaobh ath-leasachadh fearainn. Ach tha an t-uallach air fearann an-diugh nas troma agus nas èiginnich. Tha feum air taigheadas ag èirigh, tha luach fearainn ag èirigh, tha atharrachadh mòr ann an cleachdadh fearainn, agus tha cus dhaoine a’ faireachdainn glaiste a-mach à co-dhùnidhean a bheir buaidh air na sgìrean agus an àm ri teachd aca.

Tro ScotlandLand Futures, tha Coimisean Fearainn na h-Alba air èisteachd gu faiceallach ri daoine air feadh na h-Alba. Bha na chuala sinn cunbhalach agus practaigeach. Tha daoine ag iarraidh gum bi fearann ag obair nas fheàrr airson am beatha làitheil. Tha iad ag iarraidh soilleireachd mu cò leis a tha fearann, ruigsinneachd reusanta air cothroman, guth ionadail nas làidire, agus misneachd gu bheil fearann ga chleachdadh gu ciallach.

Tha an sgrìobhainn seo a’ mìneachadh fòcas soilleir airson gnìomh. Tha e stèidhichte air eòlas a’ phobaill, air a stiùireadh le fianais eadar-nàiseanta, agus ag amas air na bheir fìor atharrachadh gu buil. Is e iarrtas a th’ ann airson ceannardas, co-òrdanachadh agus luaths.

An t-adhbhar a dh'fheumas Alba a dhol an gnìomh a-nis

Tha fearann a' toirt buaidh air cha mhòr a h-uile prìomh mhiann poileasaidh a th' aig Alba: taigheadas, foghainteachd eaconamach, gnìomh gnàth-thìde, ath-bheothachadh nàdair agus sunnd coimhearsnachd. Ach chan eil an dòigh anns a bheil fearann air a shealbhachadh agus air a riaghladh a' cumail suas ris na h-iarrtasan sin

Tha aon de na pàtrain sealbh fearainn as dùmhaile san t-saoghal fhathast ann an Alba. Bidh prìsean àrda fearainn agus gainnead na tha ri fhaighinn de dh'fhearann a' bacadh mòran dhaoine, ghnìomhachasan agus choimhearsnachdan. Bidh co-dhùnaidhean mu chleachdadh fearainn gu tric gan dèanamh fad air falbh agus tha e duilich buaidh a thoirt orra. Bidh fearann trèigte agus fearann nach eil ga chur gu làn fheum a' milleadh na sgìre mun cuairt a dh'aindeoin gu bheil an comas ann cùisean atharrachadh.

Chan e gearanan gun bhunait a tha seo, ach cnapan-starra practaigeach a thaobh dachaighean, obraichean, gnìomh gnàth-thìde agus sgìrean soirbheachail a thoirt gu buil.

Tha eòlas eadar-nàiseanta a' sealltainn nach fheumar na duilgheadasan seo fhulang. Bidh dùthchannan eile ag obair gus cothroman fearainn fhosgladh, a' riaghladh a' chumhachd a thig an lùib sealbh fearainn, agus a' toirt ùghdarras do cho-dhùnaidhean ionadail. Feumaidh Alba a-nis na h-eisimpleirean seo a leantainn.



Na dh'innis daoine air feadh na h-Alba dhuinn

Tro ScotLand Futures, dh'innis còrr is 1,200 neach bho air feadh na h-Alba am beachdan air fearann. Ged a bha beachdan eadar-dhealaichte a rèir àite agus eòlas, bha teachdaireachd làidir agus cunbhalach ann: tha daoine airson barrachd atharrachaidh fhaicinn, agus tha iad airson gun lean e gu leasachaidhean practaigeach.

Ged a bha beachdan eadar-dhealaichte a rèir àite agus eòlas, bha teachdaireachd làidir agus chunbhalach ann: tha daoine airson tuilleadh atharrachaidh fhaicinn, agus tha iad ag iarraidh gun lean e gu leasachaidhean practaigeach.

Prìomhachasan an t-sluaigh airson ath-leasachadh fearainn



Miann làidir airson gnìomh – thuirt còrr is naoi às gach deichnear luchd-freagairt (96%) gum feum Alba a dhol nas fhaide ann an ath-leasachadh mar a tha fearann air a shealbhadh agus air a chleachdadh.



Dragh mu cus cumhachd aig àireamh ro bheag de dhaoine – chomharraich mu chairteal den luchd-freagairt gu bheil cus fearainn, agus cus buaidh, aig ro bheag de dhaoine.



Dìth follaiseachd – tha e duilich do dhaoine fios a bhith aca cò leis a tha fearann agus tha iad a' faicinn seo mar rud a tha a' lagachadh earbsa agus cunntachalachd.



Tha ceangal ri àite cudromach – thuirt timcheall air aon às gach còignear gum bu chòir do luchd-seilbh fearainn a bhith ceangailte gu brìghmhor ris na h-àiteachan air a bheil na co-dhùnaidhean aca a' toirt buaidh.



Ro bheag de bhuaidh aig ìre ionadail – thuirt còrr is aon às gach deichnear luchd-freagairt nach urrainn dhaibh buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean cleachdadh fearainn san sgìre aca, gu sònraichte far a bheil atharrachadh mòr a' tachairt agus a' mairsinn ùine fhada.



Tàmait gu bheil cothroman gan call – fearann tràighe agus nach eil ga chur gu làn fheum, agus nach eil cìsean gan cur an sàs gu leòr gus cleachdadh tarbhach a bhrosnachadh, gam faicinn mar chomharran nach eil na h-innealan a th' againn an-dràsta gan cleachdadh gu làn-bhuaidh.

Uile gu lèir, tha am fios-air-ais seo a' leantainn gu co-dhùnadh soilleir. Tha daoine den bheachd gu bheil a' chùis airson atharrachadh air a thuigsinn gu math mu thràth. Is e ceannardas, soilleireachd agus gnìomh a tha iad a' sireadh a-nis.



Ag ionnsachadh bho eòlas eadar-nàiseanta

Tha pàtran seilbh fearann na h-Alba neo-àbhaisteach a rèir inbhean eadar-nàiseanta, co-dhùnadh a nochd gu cunbhalach ann am prògram rannsachaidh is mion-sgrùdaidh fad-ùine Coimisean Fearainn na h-Alba. Chaidh beachdachadh air an fhianais eadar-nàiseanta seo an lùib co-chomhairle ScotLand Futures o chionn ghoirid, a' toirt còmhla eòlas coimeasach agus beachdan a' phobaill bho air feadh na h-Alba.

Còmhla, tha an obair seo a' sealltainn gu bheil mòran dhùthchannan air ceumannan a ghabhail a dh'aona ghnòthach gus ruigsinneachd air fearann a leudachadh, an cumhachd co-cheangailte ri sealbh fearainn a riaghladh agus smachd ionadail a neartachadh. Ged a tha dòighean-obrach eadar-dhealaichte, tha eòlas eadar-nàiseanta a' comharrachadh feartan cumanta de shiostaman fearainn a bheir misneachd don phoball agus a libhrigeas buil phractaigeach:

- ✓ Àite làidir aig daoine ionadail no aig riaghladh bailteil ann an co-dhùnaidhean sealbh fearainn agus cleachdadh fearainn.
- ✓ Cleachdadh farsaing de mhodailean sealbh coimhearsnachd, co-chomainn agus sealbh co-roinnte.
- ✓ Dùil shoilleir gum bu chòir sealbh fearainn a bhith a rèir ùidh a' phobaill.
- ✓ Cleachdadh èifeachdach air cìsean agus luach fearainn gus cleachdadh fearainn tarbhach agus cothromachd a bhrosnachadh.
- ✓ Siostaman dàta fearainn co-cheangailte, ùr-nodha a bheir taic do dh'fhollaiseachd agus dèanamh cho-dhùnaidhean.


Chan eil aon mhodail ann as urrainn do dh'Alba a chleachdadh gu h-iomlan, ach tha an fhianais bho ScotLand Futures agus eòlas eadar-nàiseanta soilleir: **tha ath-leasachadh fearainn brìghmhor feumach air ceannardas, co-òrdanachadh agus oidhirp phoblach ghnìomhach.**

Cò ris bhios soirbheachas coltach



Bheireadh siostam fearainn ath-leasaichte misneachd do dhaoine agus dh'fhosgladh e cothroman. Bhiodh soirbheachas a' ciallachadh na leanas:


- ✓ Bidh cothrom reusanta aig daoine agus gnìomhachasan fearann a shealbhachadh, a ghabhail air màl no a chleachdadh.
- ✓ Faodaidh coimhearsnachdan a tha airson fearann a shealbhachadh no buaidh a thoirt air a chleachdadh sin a dhèanamh ann an dòigh bhrìoghmhor.
- ✓ Bidh soilleireachd agus misneachd aig uachdarain gus tasgadh a dhèanamh gu ciallach.
- ✓ Tha fiosrachadh mu shealbh, cleachdadh agus luach fearainn fosgailte agus ruigsinneach.
- ✓ Far a bheil sealbh fearainn ag adhbhrachadh cron, tha dìon soilleir agus èifeachdach ann.



Gus seo a choileanadh feumar cothroman fearainn fhosgladh agus an cumhachd a thig an lùib sealbh fearainn a riaghladh.



Trì prìomhachasan gus comas fearann na h-Alba fhuasgladh



Fearann fhosgladh: sealbh agus cleachdadh a dhèanamh comasach do bharrachd dhaoine

Feumaidh Alba obair gus leudachadh a thoirt air cò as urrainn fearann a shealbhadh agus a chleachdadh.

- ✓ Geall prògram nàiseanta a stèidheachadh gus gabhaltasan beaga a chruthachadh air feadh na h-Alba.
- ✓ Cleachd fearann poblach gu for-ghnìomhach gus cothroman fearainn ùra fhosgladh.
- ✓ Dèan slighean gu sealbh coimhearsnachd agus sealbh co-chomainn nas sìmplidhe agus neartaich iad, ann an Alba bailteil agus dùthchail.

Nì seo iomadachadh air sealbh, bheir e taic do thaigheadas agus iomairt, agus togaidh e beairteas coimhearsnachd.





Riaghladh cumhachd: dèanamh cinnteach gu bheil sealbh fearainn ag obair airson math a' phobaill

Thig cumhachd an lùib sealbh fearainn. Far a bheil an cumhachd sin aig ro bheag de dhaoine no air a mhì-chleachdadh, feumaidh e a bhith comasach math a' phobaill a dhìon.

- ✓ Stèidhich dòighean airson beachdachadh air math a' phobaill agus a dhìon nuair a thèid raointean mòra fearainn a cheannach, a' gabhail a-steach dùil gum bi an luchd-seilbh an làthair san sgìre.
- ✓ Stèidhich dòighean smachdachaidh soilleir far a bheil cumhachd sealbh fearainn air a mhì-chleachdadh.

Bidh an dòigh-obrach seo a' dìon sealbh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil cumhachd air a chleachdadh gu ciallach.

2



Atharrachadh a chumadh gu h-ionadail: daoine a chur aig cridhe cho-dhùnaidhean mu chleachdadh fearainn

Tha Alba a' dol tro atharrachadh mòr ann an cleachdadh fearainn. Tha taic a' phobaill an urra ri compàirteachadh agus buannachd aig ìre ionadail.

- ✓ Neartaich dealbhadh cleachdadh fearainn roinneil le fìor chumhachdan co-dhùnaidh agus libhrigidh.
- ✓ Thoir àite cinnteach do choimhearsnachdan agus ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' cumadh atharrachadh cleachdadh fearainn.
- ✓ Dèan sealbh agus buannachd ionadail àbhaisteach ann am pròiseasan tasgaidh lùth ath-nuadhachail, nàdair agus gnàth-thìde.

Bheir seo misneachd don phoball agus buil nas fheàrr.

3

Mar a thèid ath-leasachadh a dhèanamh

Cha tèid ath-leasachadh fearainn a choileanadh tro aon bhile. Tha feum air prògram co-òrdanaichte thar an riaghaltas. Tha seo a' ciallachadh:

- ✓ A bhith a' cleachdadh sealbh fearann poblach gu gnìomhach gus atharrachadh a stiùireadh.
- ✓ A bhith a' cleachdadh innealan cìse is fiosgail gus cleachdadh tarbhach agus co-roinn chothromach air luach fearainn a bhrosnachadh.
- ✓ A bhith a' toirt chumhachdan nas làidire do riaghaltas ionadail gus dèiligeadh ri fearann trèigte agus gnìomh ath-thòiseachadh ann an àiteachan far a bheil obair air a thighinn gu stad.
- ✓ A bhith ag atharrachadh dàta fearainn, a' tòiseachadh le bhith a' crìochnachadh Clàr an Fhearainn agus a' togail siostam nàiseanta aonaichte.



A' toirt seachad soilleireachd agus misneachd

Chan i a' cheist a-nis a bheil feum air tuilleadh ath-leasachadh fearainn, ach ciamar a bhios Alba ag obair ga ionnsaigh gu luath, gu follaiseach agus gu h-àrd-mhiannach. Tha ScotlandLand Futures a' sealltainn miann làidir poblach airson atharrachadh agus slighe shoilleir air adhart. Tha an ath ìre de dh'ath-leasachadh fearainn na chothrom gus a' mhisneachd a chruthachadh a tha na h-uile a' sireadh. Misneachd gu bheil ath-leasachaidhean a' libhrigeadh bhuilean practaigeach a chì daoine agus a tha iad a' faireachdainn nam beatha, agus misneachd gu bheil stiùireadh an ath-leasachaidh a' fosgladh chothroman, innleachdas agus tasgadh.

Bidh coileanadh an urra ri co-obrachadh. Tha dreuchd ceannardais deatamach aig an Riaghaltas agus a' Phàrlamaid, agus thèid soirbheachas a thogail tro cho-obrachadh thar bhuidhnean poblach, riaghaltas ionadail, coimhearsnachdan, luchd-seilbh fearainn, gnìomhachasan agus compàirtichean. Tha pàirt aig gach fear ann a bhith a' cruthachadh atharrachadh agus cothroman.

Tha cuimseachadh Scotland Land Futures stèidhichte air eòlas a' phobaill, fianais làidir agus ionnsachadh eadar-nàiseanta. Tha e a' toirt seachad slighe agus bunait cho-roinnte airson gnìomh, a' cuideachadh a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fearann na h-Alba ag obair airson math a' phobaill – an-diugh agus airson iomadh ginealach ri teachd.

Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac den sgrìobhainn seo sa Ghàidhlig, cuiribh post-d gu **commsteam@landcommission.gov.scot** no cuiribh fòn gu **01463 423 300**.

If you would like to request a copy of this document in Gaelic, please email **commsteam@landcommission.gov.scot** or call **01463 423 300**.



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

Scottish Land Commission

An Lòchran

10 Inverness Campus

Inverness

IV2 5NA

info@landcommission.gov.scot

01463 423 300

www.landcommission.gov.scot

© f X @ v in b

© Scottish Land Commission